

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 8 | 2016 | AN LUNASDAL

Facal Toisich

'S e naidheachd mhath a chuala sinn nuair a bha mi ag ullachadh *Duilleagan* na mìos seo gu bheil a-nis ministear anns a h-uile sgìr ann an Clèir Loch Abar. Tha Loch Abar air clèir cho beag agus a tha againn ann an Eaglais na h-Alba, le còig deug de choitheanalan ann an ochd sgìrean. Ach tha cuid de na coitheanalan air a bhith bliadhnachan gun mhinistear suidhichte. Anns a' Ghiblean chaidh dà bheàrn a lìonadh, ann an Gleann Comhann agus Dùror agus ann an eaglais Duncansburgh anns a' Ghearasdan a tha an-diugh ceangailte ri Cill Mo Naomhaig. Bha na coitheanalan sin air a bhith bàn còrr is ceithir bliadhna.

Tha seo 'na adhbhar misneachaidh do choitheanalan a tha air a bhith greis mhath gun mhinistear. Bha am Fear-deasachaidh naodh bliadhna deug ann an Clèir Uibhist agus cha robh ach sia seachdainean ann nuair a bha ministear anns a h-uile sgìr eadar na Hearadh agus Barraigh. Chan e rud ùr a tha ann an dìth mhinistearan air tìr-mòr na Gàidhealtachd agus anns na h-Eileanan.

Ged a bhios e doirbh do choitheanalan a bhith bliadhnachan mòra gun mhinistear air an ceann chan eil sin a' ciallachadh nach eil obair na h-Eaglais a' dol air adhart gu dìcheallach o Shàbaid gu Sàbaid agus o sheachdain gu seachdain. Tha leughadairean agus ministearan a tha air uallach coitheanail agus searmonaichean eile deònach seirbheisean a chumail ann an sgìrean a tha bàn. Tha còir againn a bhith taingeil don fheadhainn a tha a' cuideachadh ann an coitheanal a tha gun mhinistear.

Ged a tha barrachd oileanach a-nis ag ullachadh airson na ministrealachd tha iomadh coitheanal ann a dh'fheumas fuireach deagh ghreis airson teachdaire fhaighinn dhaibh pèin. Feumaidh coitheanalan a bhith foighidneach, ach tha an suidheachadh ann an Clèir Loch Abar a' dearbhadh gum faigh foighidinn furtachd.

**Leis gach deagh dhùrachd,
Ruairidh MacLeòid.**



Seo eaglais Chill Fhianain ann an Còmhal, tè de na h-eaglaisean ainmeil anns a' phàirt sin de dh'Earra Ghàidheal air a bheil iomradh anns na duilleagan a chuireadh a-mach le fiosrachadh mu na làraichean ann an Còmhal aig a bheil àite cudthromach ann an eachdraidh spioradail na h-Alba. Tha clach shnaidhte an seo a tha a' dol air ais cho fada ris an naodhamh linn. Bha sealbh aig Cloinn MhicLaomainn air an eaglais a bha an seo on treas linn deug.

Cùil nan Ceist

Dh'ullaich mi pàirt den iris seo nuair a bha mi a' tadhal air eilean Thiriodh. Bha e 'na thlachd a bhith 'nam shuidhe gu socair a' coimhead a-mach chun a' chuain. Bha an iarmailt os ar cionn an còmhnaidh ag atharrachadh. 'S ann air na speuran a tha na ceistean às a' Bhìoball a tha sinn a' cur oirbh air a' mhios seo. Gheibhear na freagairtean air an duilleig chùil.

1. Dè an dath anns na speuran a tha 'na chomharradh air deagh aimsir? (Mata, caibideil 16.)
2. Lìon a' bheàrn: "Nuair a dh'amhairceas mi air na nèamhan, obair do ——" (Salm 8.)
3. Cò a chithear a' teachd anns na neòil? (Marcus, caibideil 13.)
4. Cò leis a bhios a' ghrian air a còmhdach? (Eseciel, caibideil 32.)

Am Measg mo Leabhraichean – 1

Thubhairt fear Dùbhghlas Jerrold anns an naodhamh linn deug, gur e companach beannaichte a tha ann an leabhar. Tha mòran ann a dh'aontaicheadh leis a' bheachd sin. Anns an t-sreath seo de sgrìobhaidhean tha mise a' dol a thaghadh còig de na leabhraichean a tha agamsa air na sgeilpichean agam air a bheil mise a' cur luach.

Nuair a bha mi 'nam oileanach ann an Dùn Eideann bu toigh leam a bhith a' tadhal air bùithean a bha a' reic sheann leabhraichean.

An latha a bha seo chunnaic mi leabhran anns an robh searmon ann an Gàidhlig agus ann am Beurla. Chaidh an searmon a thoirt seachad le Iain Mac an Deòir, ministear Chille Mhàrtainn, ann an eaglais Cùirt a' Chrùin ann an Lunnainn air an t-Sàbaid a chuireadh air leth airson a bhith ag ùrnaigh airson nam feachdan Breatannach ann an Cogadh Africa. Lìbhrig Mgr. Mac an Deòir an searmon sin a-rithist ann an eaglais Chille Mhàrtainn air an t-Sàbaid an dèidh bàs Ban-rìgh Victoria.

'S e a tha sònraichte mun leth-bhreac a tha agam den leabhar seo, a chuireadh a-mach as-ùr aig toiseach a' Cheud Chogaidh, gur ann às an leabhar-lann aig an t-seinneadair ainmeil, Sir Harry Lauder, a thàinig e. Aig deireadh 1917 chaidh mac Sir Harry Lauder, Iain, a bha 'na chaithean ann an rèiseamaid Earra Ghàidheal, a mharbhadh. Goirid an dèidh sin chuir an t-Urr. Iain Mac an Deòir leth-bhreac de leabhar gu pàrantan Iain Lauder airson co-fhaireachdainn a nochdadh dhaibh, agus 's e sin an leabhar a tha agamsa.

Is math an smuain gu bheil cuideigin a' cuimhneachadh oirnn aig àm duilich nar beatha. Faodaidh litir bheag no sgrìobag air cairt cofhurtachd a thoirt seachad. Faodaidh beagan fhaclan neart agus cuideachadh a thoirt do chuideigin a tha fo bhròn.

Ruairidh MacLeòid

Leabhraichean

Thachair don Fhear-deasachaidh a bhith air làithean saora ann an Tiriodh nuair a chuireadh an leabhar ùr seo air bhog. Bha e freagarrach gu robh an leabhar air fhoillseachadh air eilean ìosal an eòrna, oir seo far an do rugadh Niall Brownlie ann an 1925, agus tha cuid mhath de na dàin a gheibhear anns an leabhar a' moladh an eilein a bha cho gràdhach aige. Cha ruigear a leas ach *Eilean mo Mhiann, Eilean Uain' an Aigh, M'Eilean Fhèin* a leughadh airson a bhith a' tuigsinn cho measail agus a bha e air. Gheibhear seallaidhean air eachdraidh Thiriodh, fuadach agus imrich, anns na h-òrain. Mar a tha Ragnall Macilledhuibh ag ràdh 'na fhacal-toisich, tha gaol, gràdh-dùthcha agus gràdh-dùthchais am measg prìomh chuspairean nan dàn. Tha òrain bhrèagha againn a rinn Niall do Mhairead aig an robh e pòsda faisg air leth-cheud bliadhna.

Tha taobh làidir spioradail air a' bhàrdachd aig Niall Brownlie agus

Airidh air Urram

Ann an iris na h-Og-mhìos rinn sinn iomradh air an Urr. Iain M. Mac a' Ghobhainn a tha air a bhith trì fichead bliadhna anns a' mhinistrealachd. Tha sinn a-nis a' cur mealadh naidheachd air Mgr. Mac a' Ghobhainn air an do chuir a' Bhan-rìgh urram le bhith a' buileachadh BEM nuair a chomharraich i gu bheil i ceithir fichead bliadhna agus deich. Tha am bonn ag aithneachadh na rinn Iain Mac a' Ghobhainn de dh'obair anns a' choimhearsnachd ann an Uibhist rè iomadh bliadhna.

Rinn e mòran as leth na h-Eaglais fad iomadach bliadhna. Bha e ùine mhath 'na chlàireach air Clèir Uibhist. Anns an dealbh gu h-ìosal chì sibh Iain Mac a' Ghobhainn còmhla ri Moderàtor an Ard-sheanaidh, am Proifeasair Seumas Stiùbhart, nuair a thadhail e air Beàrnaraigh na Hearadh ann an 1963.



Bha sinn glè thoilichte a chluinntinn cuideachd gun d'fhuair nighean Mgr. Mac a' Ghobhainn, Cairistiona, MBE on Bhan-rìgh. Tha ise air obair ionmholta a dhèanamh mar bhan-altraim ann an Dùn Eideann.

Smuaintean Bho Cheann A' Bhara

Orain agus bàrdachd le Niall M. Brownlie

(Air fhoillseachadh le Taigh na Teud. £15)

tha na laoidhean aige drùidhteach. Tha laoidh bheag Nollaig aige air a bheil *Rìgh nan Rìgh* agus 's e seo aon de na pìosan bàrdachd anns an leabhar air a bheil fonn. Chuir Ethel NicChaluim fonn ri òran cho ainmeil agus a chuir Niall ri chèile, *Goirtean Dhòmhnail*, agus tha Pòl MacChaluim ga sheinn air clàr. Tha am bàrd ag ràdh gur e a tha an seo, *Oran mar chuimhneachan air na daoine còir a bha an Goirtean Dhòmhnail nuair a bha mi òg.*

Tha fios gum bi fèill air an leabhar ùr seo am measg leughadairean aig a bheil ceangal ri eilean Thiriodh, agus tha gu leòr dhiùbh sin ann air feadh an t-saoghail. Ach còrdaidh e ri Gàidheil às gach ceàrn, oir bha Niall 'na sgrìobhadair comasach ann an rosg agus ann am bàrdachd. 'S e call a tha ann nach do nochd an leabhar mun do chaochail am bard an-uiridh, ach cha robh sin an dàn. Tha e math an leabhar seo a bhith againn mar chuimhneachan air deagh Thirisdeach.

“Creideamh ann an Còmhal”

'S e *Faith in Cowal* an t-ainm a tha air leabhran a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid. Air na duilleagan seo tha iomradh againn air còig deug de laraichean, a' chuid mhòr dhiùbh 'nan eaglaisean, co-cheangailte ri eachraidh na h-eaglais Chrìosdail ann an Còmhal. Tha daoine, muinntir na coimhearsnachd agus luchd-turais, air am brosnachadh gu bhith a' tadhal air na h-àiteachan eachdraidheil sin. Tha deagh chlàr ann a' sealltainn slighe fad cheithir fichead mìle a dh'fhaodas luchd-siubhail a leantainn a' coiseachd no air baighseagal no ann an carbad, a' gabhail a-steach deich de na làraich sin.

Tha beagan eachdraidh air a toirt seachad ag innse mu gach eaglais agus gach làrach eile. Tha am fiosrachaidh sin feumail do dhaoine a tha a' tadhal air na làraichean Crìosdail seo. Mar eisimpleir, tha iomradh air eaglais Chille Mhoire, air nach eil ceann an-diugh, ach far an robh eaglais-sgìre Shrath Lachlainn anns na meadhan-aoisean. Anns a' chladh a' cuartachadh na h-eaglais tha cinn-feadhna Chloinn MhicLachlainn air an tìodhlacadh. A bharrachd air na duilleagan seo, gheibhear bileag air leth airson gach àite a tha air an ainmeachadh an seo.

'S e miann nan daoine a chuir na duilleagan ri chèile gum bi am fiosrachadh a bhios aig an luchd-turais a thadhlas air na laraichean seo mar mheadhan air an tarraing nas dlùithe do àilleachd a' Chruthaidheir.



Seo seann eaglais Chille Mhoire ann an Srath Lachlainn. Faisg air an eaglais tha Tobar Chille Mhoire.

Searmon Beag

Dèanaibh seo mar chuimhneachan ormsa (Lùcas 22:19)

A h-uile bliadhna bidh a' chuid mhòr againn a' frithealadh sheirbheisean cuimhneachaidh air choireigin.

Bidh seirbheisean cuimhneachain ann nuair a bhios sinn a' fàgail slàn aig caraid no ball den teaghlach a tha air tighinn gu deireadh an cùrsa anns a' bheatha seo.

Air an darna Sàbaid den t-Samhain bidh seirbheisean sònraichte air an cumail aig carraighean-cuimhne air feadh na rìoghachd, ann am bailtean beaga agus ann am bailtean mòra, anns na h-eileanan agus air tìr-mòr. Air na carraighean-cuimhne tha ainmeannan nam mìltean a thug seachad am beatha anns an dà chogadh mhòr anns an fhicheadamh linn agus anns na coimhstrithean a bha ann on àm sin.

Anns an t-seòmar uachdrach thubhairt Iosa ris na deisciobail, **Dèanaibh seo mar chuimhneachan ormsa.**

Chan eil fios againn cuin no càite a bha an darna seirbheis Chomanachaidh air a cumail. 'S dòcha gu robh an t-aon fhear deug ann agus càirdean eile. Bhiodh an darna seirbheis sin a' ciallachadh barrachd don aon fhear deug na bha i do chàch a bha an làthair. Bha iadsan ann nuair a labhair Iosa na faclan, **Dèanaibh seo mar chuimhneachan ormsa.** Fhuair iad an t-aran agus an cupan o làmhan Iosa fhèin. Bhiodh an inntinn a' dol air ais chun na h-oidhche sin, chun an t-seòmair far an do choinnich iad. Bhiodh iad a' cuimhneachadh air mar a dh'fhairich iad, na smuaintean a bha a' dol tron inntinn agus iad an sin ann an co-chomann Iosa.

Cha robh sinne ann mar a bha na deisciobail, ach aig seirbheis Chomanachaidh faodaidh sinn sinn fhèin a chur, mar gum biodh, ann am brògan Pheadair agus Eòin, faodaidh sinn suidhe far an do shuidh iadsan, faodaidh sinne na dearbh bhriathran a labhair Iosa a chluinntinn. Faodaidh sinn ar sùilean a dhùnadh agus dealbh a dhèanamh nar n-inntinn air cò ris a bha e coltach.

Dèanaibh seo mar chuimhneachan ormsa. Tha feum againn air rudan a dh'ùraicheas ar cuimhne. Thubhairt an salmair –

Na dìochuimhnich na tìodhlacan

A dheònaich dhut an Triath.

Aig bòrd an Tighearna tha sinn a' cumail cuimhne as-ùr gur e Iosa Uan Dhè a tha a' toirt air falbh peacadh an t-saoghail, gun do ghràdhaich E sinn agus gun tug E Fhèin air ar son.

Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson na mìos seo: “Is mise an t-slighe, agus an fhìrinn, agus a’

bheatha”. Seo facal cho ainmeil agus a tha sgrìobhte anns an Tiomnadh Nuadh. Tha iad ann an soisgeul Eòin, an ceathramh caibideil deug aig an t-siathamh rann. (Eòin 14:6) Seo an suaicheantas aig oilthaigh Ghlaschu. 'S e Iosa a labhair na faclan seo. Is Esan an t-slighe gu Dia. Annsan gheibh sinn fìrinn Dhè. Thàinig E airson beatha a thoirt dhuinn, beatha 'na lànachd.



An robh thu riamh aig seirbheis a-muigh? Ann an Cinn-tìre tha seirbheis air a cumail faisg air an

àite far a bheil cas-cheuman anns a' chreig. A reir aithris, seo far an tàinig Calum Cille air tìr à Eirinn ann an 563 air an t-slighe gu eilean I. Tha e tarraingeach a bhith a' seinn laoidhean agus a bhith ag èisdeachd ri facal Dhè a-muigh. Cluinnidh sinn fuaim na mara. Cluinnidh sinn ceilearadh nan eun.



Seanfhacal airson na mìos seo: “Chan eil Clann MhicNeacail dìoghaltach.” (The

Nicolsons are not revengeful.) Tha còir againn uile a bhith coltach ri Cloinn MhicNeacail. Tha am Bioball a' teagasg dhuinn mathanas a thoirt do dhaoine a nì rudan olca oirnn. Tha an teagasg sin againn gu sònraichte anns an t-Searmon air a' Bheinn. Rinn daoine rudan uamhasach air Iosa agus bha Esan caomh agus foighidneach. Tha feum againn uile air spiorad Chrìosd.



Aig aon àm cha bhiodh daoine a' faighinn naidheachdan an t-saoghail ach ann

am pàipearan. Ach an-diugh gheibh sinn naidheachdan ann an iomadh dòigh, air an ràdio, air an telebhisean agus tre mheadhanan eile. Tha sin a' toirt an t-saoghail a-steach do ar dachaighean. Chì sinn iomadh rud a bheir oirnn a bhith a' smaoinneachadh. Chì sinn iomadh rud a bheir oirnn a bhith ag ùrnaigh. Chan eil sinn air ar glèidheadh o na rudan grànda a tha a' tachairt ann an dùthchannan eile.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

RANN

*Nuair chluinneas mi an sgeul mu los'
Chaidh a cheusadh air mo sgàth;
An Slànaighear caomh a choisinn sìth
Do gach tì bheir ùmhlachd Dhà:
Nuair thug E buaidh air bàs is uaigh
Bha 'n cùmhnant seult' gu bràth,
Tha seo a' dùsgadh dhòmhsa smuain
Air mòrachd Rìgh nan Gràs.*

Seo an rann mu dheireadh anns an dàn, *Mòrachd Rìgh nan Gràs*, a gheibhear anns an leabhar bàrdachd aig Niall Brownlie, *Smuaintean Bho Cheann A' Bhara*, a thàinig a-mach anns a' Chèitean. Gabhaidh an laoidh a sheinn air fonn an òrain, *An gaol a thug mi òg*.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo agaibh freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air a' cheud dhuilleig mu àiteachan anns a' Bhìoball far a bheil na speuran agus an iarmailt air an ainmeachadh. 1. Dearg. 2. —-mheur". 3. Mac an Duine. 4. Le neul.

MINISTEAR UR AM BARRAIGH

Tha ministear ùr gu bhith suidhichte air a' mhìos seo ann am Barraigh agus Uibhist a Deas, dà choitheanal a tha a-nis ceangailte ri chèile mar phàirt de Chlèir Earra Ghàidheal. Rugadh an t-Oll. Urr. Lindsay Schluter anns a' Ghearmailt, ged a bha ainm Albannach air a màthair, Sìne Maxwell Chamshron. Chaidh i tron fhòghlam ann an dà oilthaigh anns a' Ghearmailt agus cuideachd ann an Dùn Eideann agus ann an Glaschu. Tha i air a bhith 'na ministear ann an Eaglais na Trianaid ann an Larkhall o 1995.

FAILTE GU INBHIR CHLUAIDH

Tha Comhairle Inbhir Chluaidh agus Bòrd na Gàidhlig air bileag shnasail dhà-chànanach a chur a-mach a' toirt fiosrachaidh mu na tha a' tachairt anns an sgìre a thaobh na Gàidhlig. Tha e inntinneach a bhith a' leughadh nam briathran a sgrìobh fear de na ministearan ann an 1792 – a' bhliadhna a dh'fhosgadh an eaglais Ghàidhlig ann an Grianraig, "Uaireannan dh'fhaodadh neach coiseachd o cheann gu ceann den bhaile gun facal a chluinntinn ann an cànan sam bith ach a' Ghàidhlig."

ADHBHAR GAIRE

Bha Seumas Blackie, àrd-ollamh na Greugais ann an oilthaigh Dhùn Eideann, air a' Ghàidhlig ionnsachadh, ged nach robh e 's dòcha uile gu lèir fileanta ann an cànan na Gàidheal. Chaidh innse dha mu sheann duine ann an àite iomallach ann an Aird nam Murchan aig an robh fìor dheagh Ghàidhlig. Nuair a ràinig Blackie taigh a' bhodaich chaidh e a-steach, a' gabhail Urnaigh an Tighearna ann an Gàidhlig. Choimhead an duine air le iongnadh. *A Phroifeasair Blackie*, ars esan, *bha miann agam riamh cuideigin a chluinntinn a' bruidheann Greugais.*

Urnaigh

*A Dhè thròcairich,
is Tusa ùghdar na sìthe
agus Dia na rèite.*

*Ag amharc a-mach air an t-saoghal
anns a bheil sinn beò
tha sinn a' faicinn nam mileanan
air am fuadach às an dachaighean
mar thoradh air cogadh agus àimhreit.
Beannaich gach oidhirp
a tha luchd-dèanamh na sìthe
a' cur an gnìomh
airson am milleadh agus an sgrìos
a nì cogadh a thoirt gu ceann.*

Amen

An dealbh air an aghaidh:

Seo sealladh de dh'eilean Thiriodh grunn bhliadhnachan air ais nuair a bha tughadh air cuid mhath de na taighean. Nuair a chumadh A' Bhuain anns a' Chèitean am bliadhna, agus na ficheadan de luchd-turais aig an robh ceangal ris an eilean air chuairt, chumadh seirbheis shònraichte aig toiseach seachdain de thachartasan eadar-dhealaichte, agus Eaglais na h-Alba agus an Eaglais Bhaisteach a' tighinn còmhla.